

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*A special programme, in the form of a “letter”, written and compiled by Roddy Maclean, and specifically aimed at Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Roddy can be contacted by e-mail at roddy.maclean@bbc.co.uk * This is Litir 284.*

Ann an Iuchar ochd ceud deug, ochdad 's a sia (1886), bha taghadh nàiseanta ann, dìreach beagan mhìosan an dèidh an taghaidh mu dheireadh. Agus bha iomairt làidir aig na Tòraidhean an aghaidh ball Earra-Ghàidheal, Dòmhnall Horne MacPhàrlain. Bha MacPhàrlain gu mòr air taobh nan croitearan a bha ag iarraidh còraichean fearainn.

Chuir na Tòraidhean tagraiche air adhart air an robh an Còirnealair Iain MacCaluim, agus fhuair esan taic mhòr bho na h-uachdarain agus na tuathanaich mhòra. Agus, leis gur e an samhradh a bh' ann, bha mòran dhen luchd-taic aig MacPhàrlain air falbh bhon dachaigh, ag obair taobh a-muigh na Gàidhealtachd. Bhuannaich MacCaluim an taghadh, le mòr-chuid de chòrr is sia ceud bhòt. Ach, a dh'aindeoin 's gun do chaill e, cha do thrèig Dòmhnall MacPhàrlain Earra-Ghàidheal, agus bha e air ais ann an Tiriodh goirid an dèidh an taghaidh. Chaidh buidheann de Thiristich a chur don phrìosan nuair a dh'fheuch iad ri tuathanas a ghabhail thairis. Agus shoirbhich le MacPhàrlain ann an bhith gan leigeil ma sgaoil na bu tràithe na bha dùil.

Thill MacPhàrlain a mharsantachd ann an Lunnainn airson beagan bhliadhnaichean. Ach ann an ochd ceud deug, naochad 's a dhà (1892), sheas e a-rithist airson na pàrlamaid ann an Earra-Ghàidheal. Bha an taghadh seo ann as t-samhradh cuideachd ach, leis gu robh cùisean air a dhol am feabhas do na Libearalaich gu nàiseanta, bhuannaich e – ach le mòr-chuid bheag – dìreach ochdad bhòt.

Bha gàirdeachas gu leòr ann am measg nan croitearan agus chaidh bàrdachd Ghàidhlig a sgrìobhadh mar chomharra air buaidh MhicPhàrlain. Seo aon rann à aon dàn:

*Nise, bho choisinn thu 'n t-urram,
Thèid thu (a) mhòr-bhaile Lunnainn a-suas;
Bidh an lùchairt na Bànrighinn
Àite-suidhe aig MacPhàrlain (a) bhios buan,
Thagairt cùis Earra-Ghàidheal,
'S bidh thu misneachail, stàilinneach, cruaidh,
'S bheir thu dhachaigh a' chòir dhuinn
Rinn na nàimhdean le fòirneart thoirt uainn.*

Sgrìobh am bàrd Eòghann Dòmhnallach, no Eòghann Shìm, à Gleann Urchardain, dàn dha air an robh, gu sìmplidh, “MacPhàrlain”. Tha sin a’ dearbhadh toileachas nan croiteararan:

*Tha pàipear a’ tighinn
Leis an fhios a bha dhìth oirnn;
'S iomadh fear a tha ga shireadh
'S cha bu sgillinn bu phrìs dha;
Tha e miadhail a-nochd
Aig gach posta san rìoghachd,
'S bidh sinn 'n earbsa a-nise
Gum brist iad na frìthean –
Mas fhìor am beachd*

*'S iomadh teine tha nochd
Air na cnocan as àirde;
Cha bhi chuing air na botail
Bhon a choisinn MacPhàrlain;
An duine foghainteach treun,
Nì e feum anns gach àite;
Guidhibh saoghal bith-bhuan dhà,
'S òlaibh suas a dheoch-slàinte –
Gu grund gun stad.*

Chaochail Teàrlach Stiùbhart Parnell ann an ochd ceud deug, naochad ’s a h-aon (1891). Agus thug am prìomhaire Gladstone bile ùr air adhart, airson fèin-riaghladh a thoirt do dh’Èirinn, a’ bhliadhna an dèidh sin, le taic bho Dhòmhnall MacPhàrlain am measg eile. Shoirbhich leis ann an Taigh nan Cumantan ach chaill e ann an Taigh nam Morairean. Leig Gladstone dheth a dhreuchd ann an naochad ’s a ceithir (1894) ach, mus do dh’fhalbh e, mhol e gum biodh Dòmhnall MacPhàrlain air a dhèanamh na ridire. Fhuair Dòmhnall frìth-ainm às a sin – “Ridire Caitligeach na Croitearachd”.

Ach cha robh fada aige ri dhol mar bhall pàrlamaid. An dèidh Ghladstone, chaidh am Pàrtaidh Libearalach bhuaithe agus chaill MacPhàrlain a shuidheachan anns an taghadh nàiseanta ann an naochad ’s a còig (1895). Ach tha e air a chuimhneachadh fhathast ann am bàrdachd na Gàidhealtachd. Gu dearbh, a bharrachd air Teàrlach Friseal Mac an Tòisich à Inbhir Nis, tha e doirbh smaoineachadh air ball pàrlamaid mun deach uiread de bhàrdachd Ghàidhlig a sgrìobhadh.

* * * * *

Faclan na seachdaine: taghadh: *election*; còraichean fearainn: *land rights*; tagraiche: *candidate*; an Còirnealair Iain MacCaluim: *Col. John Malcolm*; mòr-

chuid: *majority*; Tiristich: *people of Tiree*; marsantachd: *a merchant's business*; buan: *enduring*; Gleann Urchardain: *Glen Urquhart*; frìth-ainm: *nickname*.

Abairtean na seachdainne: bha iomairt làidir aig na Tòraidhean: *the Tories conducted a strong campaign*; gan leigeil ma sgaoil na bu tràithe na bha dùil: *releasing them earlier than expected*; mar chomharra air buaidh MhicPhàrlain: *as a mark of MacFarlane's victory*; bidh an lùchairt na Bànrighinn: *there will be in the Queen's palace*; thagairt cùis Earra-Ghàidheal: *to promote the cause of Argyll*; bidh thu misneachail, stàilinneach, cruaidh: *you'll be brave, steely and hard*; bheir thu dhachaigh a' chòir dhuinn: *you will bring home our rights*; cha bu sgillinn bu phrìs dha: *it didn't cost a penny [ie it cost more]*; tha e miadhail a-nochd: *it is desired tonight*; gum brist iad na frìthean: *that they will break up the deer-forests*; mas fhìor am beachd: *if their [expressed] intention is true*; cha bhi chuing air na botail: *there will be no stoppers on the bottles*; guidhibh saoghal bith-bhuan dhà: *wish him a long life*; òlaibh suas a dheoch-slàinte gu grunn gun stad: *drink his health to the bottom in one go*; Ridire Caitligeach na Croitearachd: *The Catholic Knight of Crofting*; chaidh X bhuaithe: *X went into decline*; mun deach uiread de bhàrdachd a sgrìobhadh: *about whom so much poetry was written*.

Puing-chànain na seachdainne: ach le mòr-chuid bheag – dìreach ochdad bhòt: *but with a small majority – only eighty votes. You will realise I employ the decimal counting system in the Litir (it will no doubt eventually supplant the vigesimal system). And you will know that for 86 votes we say ochdad 's a sia bhòtaichean and 72 votes is seachdad 's a dhà bhòtaichean. But note that with the multiples of ten, we use a singular noun (as we do with fichead and ceud) ie ochdad bhòt (not bhòtaichean). Similarly we would say trithead càr, ceathrad cù, caogad saighdear and seasgad beinn.*

Gnàths-cainnt na seachdainne: leis gu robh cùisean air a dhol am feabhas do na Libearalaich gu nàiseanta: *because the situation of the Liberals had improved nationally*. Chaidh X am feabhas: *X's situation/health improved*.

* Tha “*Litir do Luchd-ionnsachaidh*” air a maoinachadh le Seirbheis nam Meadhanan Gàidhlig